

oisean na Clainne

A' BRUIDHINN TURTURAN

Shaoileadh tu gun fheumadh tu bhith anns na cuantan tropaigeach airson turtur fhaicinn, ach tha còig diofar seòrsaichean ri fhaicinn anns na cuantan mun cuairt Breatainn is Èirinn. 'Se an turtur leatharach an seòrsa a chi sibh

mun cuairt Alba. Mar turturan air fad, bi na turturan boireann a' cuir na h-uisgean aca air tràighean gainmhich mar ann an dùthchannan teth.


Nuair a thig am breith bi na turturan a deanamh dìreach air a' mhuir. 'S urrainn do

turturan leatharach snàmh mìltean de mhìle tro na cuantan, a' ruigsinn Alba as t-Samhradh. Chaidh feadhainn a' chlàradh cho fada tuath ris an Nirribhidh agus cho fada deas ri Tasmania.

Mar sinn fhèin, tha sgamhan aig turturan airson an anail a ghabhail a-mach as a' mhuir

← Fasadh iad gu 3m →

Biadh - Beòthachan agus biastagan bog eile



Chan eil fiaclan air turturan ach tha am beul aca làidir

Bi turturan ag òl an t-uisge salainn agus airson an salainn a ghlanadh a-mach asta, bi iad a' rànaich gu math tric

'Se an turtur leatharach an turtur is motha a th'ann agus tha an ainm a' tighinn bho an craiceann leatharach a th' orra a tha a' còtadh an slige aca. Uaireannan, nuair a chi sibh anns an t-uisge iad, tha iad coltach ri bàta a tha air a dhol bun os cionn air sailleadh na sgrioban a th' orra a tha coltach ri bonn bàta.

De 's urrain dhutsa a dhèanamh?

- Faigh ballrachd airson am buidheann Glèidhteachas airson a' Mhuir.
- Innse do SNH mu chi sibh turtur sam bith.
- Faodadh sibh rannsachadh a dhèanamh air beòthachan airson gun urrainn dhuinn barrachd fiosrachadh fhaighinn mu biadh na turturan.
- Na tilg sgudail dhan mhuir mar puigannan plastaig agus balùns.
- Mus urrainn dhuibh, sgioblaich suas na tràighean a tha faisg ort le a bhith a' togail rudan mar puigannan plastaig, seann lion-iasgaich agus sgudail eile.


FARPAIS

An urrainn dhuibhse postair a dhèanamh a tha a' sealltainn mar is urrainn daoine na turturan a chuideachadh? Mu 's urrainn tha duais ann airson am postair is fheàrr. Tha pocan làn rudan mu dheidhinn turturan ann airson a bhuannachadh. Mu chuireas sibh na postairean agaibh gu SNH, Rathad na Drochaid, Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach IV51 9ER.....Cuimhnich d' ainm, seòladh is aois a chuir air am postair.

Droch amannan airson turturan

Tha sia a-mach as na seachd seòrsaichean de turtur anns an t-saoghal ann an cunnart agus air feumach air cuideachadh. Seo feadhainn de na rudan a tha a' toirt trioblaidean dhaibh.

- Sealgachd - airson an fheòil, uighean agus na sligeachan aca.
- A' bàthadh ann an lion iasgach.
- Damaiste air na tràighean far am bi iad a' neadachadh.
- Ag ithe puigannan plastaig is balùns, tha seo coltach ris na beòthachan a bhitheas iad ag ithe, ach chan eil iad math airson am mionach aca agus is urrainn dhaibh bàsachadh air sailleabh seo.




Beòthachan Beaga

'Se am beòthachan an biadh is fheàrr le turturan, ged a tha beòthachan air a dhèanamh cha mhòr le dìreach uisge. Seo feadhainn a dh'fhaodadh tu fhaicinn mun cuairt a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan....

Beòthachan Barailte

Seo am beòthachan is motha a th'againn. Tha e coltach ri 'clag' a dh'fhàsas gu 1 meatair tàrsainn. Tha 8 casan fada, ban, tiugh fon chlag le oirean purpaidh.



Beòthachan an Logaidh Leomhann

Seo am beòthachan is cunnartach againn agus 's urrainn dha do losgadh. Tha seo air sailleabh gu bheil puinnsean aca ann am broinn na pioban a bhitheas iad a' cleachdadh airson am biadh aca a phuinnseanachadh.



Beòthachan a' Ghealaich

Seo am beòthachan is cumanta anns an uisge againn agus tha e coltach ri umbrella na chruth le greimichean beaga. Tha ceathrar cearcall purpaidh air a dhruim. Cha bhith e a' losgadh agus airson am biadh fhaighinn bi e a' sguabadh leis na greimichean beaga fad na h-ùine airson plankton.

Airson prèasant eadar-dhealaichte a ni diofar, carson nach tèid sibh gu www.mcsuk.org airson barrachd fhiosrachadh fhaighinn mu 'Adopt a Turtle'.